

"EBENESER."

(The following article by our esteemed Gaelic contributor was unavoidably crowded out from its proper place at the close of the year.)

Gu tric ann an eachdruidh chlann Israel 'nuair a rinn Dia cabhair orra, no a thug e saorsa dhoibh thò an naimhdean, bha cairn chloich air a thogail mar chuimhneachan air mathais am Fearsaoidh. Tha e air innisidh dhuinn anns a chaib, so (1 Sam. 7, 12.) gan deachidh na Philisteach suas an aghaidh Israel, agus gun do ghabh iad eagal mor. Ghuidh iad air Samuel gun asluichadh e Dia as an leth; agus glaoth Samuel ra Dia airson Israel, agus chual an Tighearna e. "An sin ghabh Samuel clach, agus shuidheach e i eadar Mispel agus Sen; agus thug e Ebeneser mar ainm orra, agus thubhairt e, gu ruige so chuidich an Tighearna lein." Bha e gu bhi na chuimhneachan air trocair agus na beannachdan a fhuair iad, agus na mhisneachadh airson an am ri teachd; na chomharadh air taingeachd, agus na ghrund airson earbsa. Ach gu bhi sealtuinn air eachdruidh dhenigeann an Tighearna ruinn fein, air gach cabhair a rinn e oirnn, gach saorsa a thug e dhuinn, agus an fhoighidinn a chleachd e ruinn, nach mor ar n'aobhar ar n'Ebeneser a thogail agus a radh "gu ruige so chuidich an Tighearna leinn." Thug e, na throcair, sinne gu crìoch bliadhna eile fhaicinn agus dhaoghtadh e bhi gu buanachd dhuinn ar smuaintean a thionndachar tiota air giùlan grasmhor an Tighearna ruinn re a bhliadhna tha ann an tim cho gear gu bhi measg na "nithe a bha;" oir gu ruige so nach do chuidich an Tighearna leinn?

Tha na briathra so a filladh a sìgh gum beil sinn an eisimeil Dhia. Cha bhiodh iarridh air cuideachadh, no feum ris mar biodh laigse, diblidheachd, is neo fheoghanachd air ar suibhail; Ach tha ar cathaimh beatfa a togail fianuis nar n'aghaidh gur ann lag, diblidh, seachranach a tha sinn, agus a mhuinter is fearr buailteach do ainmhuinneachdean. Tha uime sin gach uilachadh a chaidh dheanamh dhuinn, gach cabhair a chaidh dheanamh oirnn, agus gach saorsa a fhuair sinn ann an nithe aimiseiral agus spioradal, gar cuir fodh thiachibh ar n'Ebeneser a thogail, agus a radh, "gu ruige so chuidich an Tighearna leinn."

"Chuidich an Tighearna leinn,"

(1) A thaobh nithe aimiseiral, chuidich e leinn; thug e gu ruige so sinn ann an tearuineachd: Cha buirrin fios a bhi againn aig toiseach na bliadhna gum biodh e mar so; madhaoghta aig toiseach na bliadhna gun robh e gle mhìchloach gum bithidh. Cha nann air an aondoigh a chuidich e leis na huile, oir cha ne an aon suidheachdinn anns an robh na huile. Le cuid ruith cuirs a na bliadhna gu min; le cuid eile, garbh agus searbh. Bha cuid air an cuideachadh troimh bhoichduin, cuid troimh thinneas, cuid troimh bhron is doilgheas, cuid troimh dheuchainn, is bhuaireadhnan,

cuid troimh oidheirpean naimhd-eil air an clu a mhilleadh, cuid troimh chunnairtaibh a measg bhraithre breugach, agus cuid troimh chunnairtibh bha bagair am beatha; ach leinn uile chuidich an Tighearna "gu ruige so."

(2) Chuidich e leinn mar an ceudna ann an nithe spioradal. Ann an gnòthuichean ar t'annam cha robh sinu gun ar deuchainnean. Bha neil do asceidimh, fealgalean, anharusan, agus buaireadhean gu tric a' gèiridh tugh agus dorch eadar sinn agus "Grian na frinteachd," ach le anail a bheoil sgap an Tighearna iad, a' gèiridh, "Is mise a t'ann, na biodh eagal oir." Thug e "agobh san fheoil" no "Camaibh sa chrannchur" dhuinn uile, ach nach do chuidich e leinn le a ghras dheanamh feoghanach! Ann an ceum ar dleusanas, slighe bha sealtuinn aig amibh dorch, duilich agus garbh, rinneadh aitean cam dìreach agus aitean garbh min. Rinn e "comhnadh ri ar n'annbhuineachdinn" agus theagais e sinn ann uirnich. au

Bha cuid nach dhìar, gidheadh a fhuair. Cuid air an cuideachadh nach do mhothaich am feum, leithid do chuideachadh sa fhuair a chraobh fhige mi thorrach, fhuair iad; tha fadfhulangas Dhia air a nochdadh dhoibh re bliadhna eile. Is beag so, ma dhaoghta, na do shealladh, ach oh! na meas e na ni taoin no suaireach mathaas Dhe nach eil thu tolt-tean, oir "ged nach eil binn an aghaidh droch oibre ga cuir an gnìomh gu luath, chan eiric gu maith do'n aingidh."

"Gu ruige so." Tha sinn a cleachdadh na briathra "gu ruige so" 'nuair tha sinne aig aite seasamh air turus agus nis fhada againn ra dhol. Mar so tha a chuis leinne air turus na beatha, "gu ruige so" gu crìoch bliadhna eile "chuidich an Tighearna leinn." Gach aon mar a bha feum ris, fhuair a chlann cuideachadh; seadh agus Seachranaich mar an ceudna. Tha sinn a nis astar b' liadhna eile nis thagus air bas, breitheanas is Stioruidhachd; am beil sinn nis ullaimh air an son no aig toiseach na bliadhna? An d'fhag sinn "Ebeneser" air an Shlighe? Coid a rinn sinn gu Mathaas Dhia a chuir an ceil no a chumail air chuimhne? Coid am fianuis tha do Sheomar uaigneach, altair do theaghlach, agus tigh an Tighearna a togail mu'd thiomchail? Coid a rinn thu ann am fòcal no gnìomh, le airgoid no le uirnich airson Aobhar Chrìost a chuir air aghairt? Co dhui se do thigh fein no tigh an Tighearna is fear leat? Co dhui sann ann an Aion, ionad naomh Tighearna, tha thu deanamh siorradh, no aig altair a chuir thu suas ann am Betel no Dan? "Is ionmhuinn leis an Tighearna geatacha Shion, tha nile ionada-comhnuidh Jacob." Tha "gnòthuiche an rìgh a' gèiridh cabhaig," deanamhmid cabhaig, mata, or tha an astar fada, 'an obair m'or, s'ar tim goirid agus mi-chinnteach. Le faire, uirnich, is foighidinn ruithamid na tha fathaisdromhainn, dheth ar reis, agus cha nann a mha'n "gu ruige so" ach bho so a mach agus gu brath, "Cuidichidh an Tighearna leinn." U.